

## A' CHEIST CHUDTHROMACH AIR A FREAGAIRT.

—◆—  
“Ciod is coir domh dheanamh chum gu saorar mi?”

*Gnìomhara xvi. 30.*  
—◆—

**L**EUGHADAIR! Tha fhios agad gu'n robh a' cheist so air a cur le Fear-gleidhidh a' phriosain ann am Filipi, air Pol agus air Silas, air àm sonruicht, as fiu a' dèanamh. Bha seirbhisich ud an Tighearn Iosa air an toirt, ann am freasdal Dhé, gu Philipi, baile robh mor ainm anns na h-aimsiribh o shean; agus an sin shearmonaich iad an soisgeul siorruidh, mar a bh thu mach, leis an t-sèathamh caibidil deug do Gnìomhara nan Abstol a leughadh. Trid beannachaidh air an teagasg-san, bha beagan sluaigh air an toirt gu saorar a bhi aca air an Dia fhior agus air Iosa Criosd a' dèanamh e naithe;” agus ghluais so, maille ri nithibh eile, ann an ùine nan uachdaran Geintileach gu Pòl agus Silas a' dèanamh, agus an cur ann am prìosan. Aon oidheche, air an t-àm seo, bha h-abstoil bhi 'seinn molaidh do Dhia, bha crith-thòirneach ann, air chor 's gu'n do chrathadh bun-

aitean a' phriosain, bha 'dhorsan uile air an tilgeadh fosgailte, agus thuit na cuibhrichean bhàrr gach prìosanach.

Bha Fear-coimhead a' phriosain, a thuit ann an cadal sàmhach, air a dhùsgadh leis a' ghluasad uamhasach so, agus air faicinn dorsan a' phriosain fosgailte, agus a saoil-sinn gu'n do theich na prìosanaich air fad, tharruing e a chlàidheamh air tì e féin a mharbhadh; ach ghlaodh Pol le guth àrd, "Na dean cron sam bith ort fein; oir tha sinn uile an so." Mar so, bha e gu tràcaireach air a bhacadh o ruith do shlochd an léir-sgrìos, le 'mhiltibh ciontaibh air a cheann! Ach, co luath 's a thainig e thuige fein, agus a chiuinich 'inntinn, thainig e gu nàdurra fainear dha a chuimhneachadh, gu'n robh anam neo-bhàsmhor aige, air son am buineadh dha an cùram 'bu mhò bhi; agus ann an cràdh inntinn, thuit e sìos aig casaibh nan Abstol, agus dh'fheoraich e gu dùrachdach, "Ciod is còir domh dheanamh chum gu saorar mi?" De na h-uile cheistean, so an aon cheist a's ro-chudthromaiche a 's urrainn luidhe air inntinn dhaoine. Tha i a' luidhe dlùth ris an dòigh a tha air gean-maith Dhé fhaotainn, no slàinte an anama. Cha 'n 'eil muinntir an coitchionn, gu sònruichte fhad 's a tha iad ann an slàinte 'us ann an soirbheachadh saoghalta, a bheag sam bith air an teannachadh leis a' cheist so; do bhrìgh nach e gnothuch an anama ceud chuspair an cùram. 'S i chuis-fheoraich mhor 'n am measgan, "Ciod a dh'itheas sinn, agus ciod a dh'òlas sinn, agus ciod a chuireas sinn umainn?" Agus gidheadh, tha iad tearc ann a tha 'faotainn troimh an t-saoghal cho socrach, 'us nach 'eil iad a' coinneachadh ri nithibh ann an suidheachadh an fhreasdail, do'n dualach an dusgadh o'n cion mothachaidh, agus an cur an cuimhne gu bheil iad bàsmhor, agus an cur 'n an rughadh le roimh-dhearbhaidhean uamhasach air

“breitheanas ri teachd.” Cia b’e air bith uair a thachairas so dhoibh, thig ceist fhir-gleidhidh a’ phrìosain gu bhi ’n a ceist dhoibh-san, “Ciod is còir domh dheanamh chum gu’n saorar mi?” Cha ’n’eil cuis-fheoraich sam bith a’s nàdurra na so ; oir is peacaich sinn uile ; uime sin, tha sinn uile ann am feum slàinte. Ann an cùis Fhir-gleidhidh a’ phrìosain, tha sinn a’ faicinn duine fo thròm, agus fo gheur-mhothachadh cionta, fo oillt roimh fheirg Dhé a bha dligheach dha, a dhearbhadh dha gu’m feumadh e ni éigin a dheanamh chum an seachnadh ; agus chreid e gu’m b urrainn na h-Abstoil so a sheoladh dha.

Fo ’leithid so a dh’oibreachadh inntinn chuir e a’ cheist ; agus a nis, thugamaid gu cùramach an aire do’n fhreagairt a thug iad air, “Creid anns an Tighearn Iosa Crìosd agus saorar thu.” Thoir fainear, a leughadair shuairce, nach ’eil an luchd-seolaidh soillsichte so, ’g a stiùradh gu oibre an lagha choimhlionadh, a chum ’s gu’m feudadh e bhi beò leo ; cha ’n’eil e air iarraidh air a dhol mu thimchioll obair ullachaidh sam bith, gus a dheanamh iomchuidh air son Chrìosd ; no gu atharrachadh air feodhas a dheanamh air a chridhe, no ’n a chaithebeatha, gus a dheanamh iomchuidh air son slàinte. Ni mò am bheil e air a sheòladh gu saothair mhòr inntinn a chleachdadh, (ris an canar Gnìomharan Creidimh) a chum gu’m biodh còir aig ann-san. Ach tha e air a sheòladh a mhàin gu creidsinn anns an Tighearn Iosa Crìosd, agus sin, an aghaidh uil’ oibre an lagha. (Faic Romh iv. 5, 16. caib. xi. 6.)

Tha e air àithneadh dha creidsinn ann an Crìosd air ball, mi-dhiadhaidh ’s mar a bha e, agus gun ullachadh sam bith, ach a chionta ’s a thruaighe.

Cha d’thug na h-Abstoil seolaidhean sam bith dha a chum creidsinn ; ach bha iad glé chùramach, a dh’innseadh

dha an ni a bha e gus a chreidsinn, agus a chum na criche sin “labhair iad focal an Tighearna ris, agus riusan uile a bha 'n a thigh.”

Ann am briathraibh eile, rinn iad aithnichte dha ni bha teistias na firinn mu'n Tighearn Iosa 'g innseadh dha, gu'm b'e an Criosd Mac Dhé (Eoin xx. 31).

Chuir iad an lathair Fir-gleidhidh a' phriosain an ni u rinn Criosd, gu'n d'fhuair e bàs air son ar peacaidh a reir nan Scriobtuir, agus gu'n d'adhlaiceadh e, agus gu'n d'eirich e ris air an treas latha 1 Cor. xv. 3, 4; agus dh'innis iad dha na beannachdan a tha e 'buileachadh orrasan uile a chreideas ann; maitheanas am peacaidh, Gniomh. xiii. 38; uchd-mhacachd cloinne Gal. iii. 26; tiodhlacan an Spioraid Naoimh, Eoin xiv. 16; aiseirigh aoibhneach o na marbhaibh Eoin vi. 40; agus beatha shiorruidh anns an t-saoghal ri teachd Eoin x. 28.

'S e so an ni a bha Fear-gleidhidh a' phriosain air a ghairm gus a chreidsinn; agus rinn an luchd-teagaisg soillsichte so cinnteach dha, ann 'n an creidsinn gu'm biodh e air a shaoradh.

Tha focal Dhe an còmhnuidh a co-cheangal slàinte shiorruidh ri creidsinn ann an Criosd. Faic na cinn-teagaisg a leanas, Eoin iii. 16, 36, caib. xx. 31; Gniomh. x. 43, caib. xiii. 39; Rom. iv. 5, 24, 25.

'S e so gealladh agus teistias Dhe, do nach 'eil e an comas breug a dheanamh. 1 Eoin v. 9—13. 'S e so a tha 'toirt slàinte shiorruidh dhachaidh dh'ionnsuidh a' pheacaich, agus a cho-chuireas ris i. Agus ciod e tuilleadh a b'urrainn Fear-gleidhidh a' phriosain iarruidh, chum fuasgladh a thoirt dha air ball; ciontach 's mar a bha e? Ma chunnaic, agus ma chreid e gu'n do chricheanaich an Tighearn Iosa Criosd obair na slàinte gu h-ìomlan; gu bheil i saor do cheann-feadhna nam peacach, agus sin,

as eugmhais oibre an lagha ; gu robh saorsa dhasan ann an creidsinn firinn an ni so air teistias focail Dhé : ciod a b'urrainn esan, no ciod a b'urrainn duine ciontach sam bith eile iarruidh tuilleadh ann am freagairt do'n cheist uile-chudthromaich so, chum a ghrad-fhuasgladh o dhaorsa. Agus mar so, tha sinn a' faicinn, gur e an t-atharrachadh a thug e air an duine mhi-shona so, "gu'n d'rinn e gairdeachas maille r'a theaghlach uile, a' creidsinn ann an Dia."

Chab'ann a mhàin ann an cor Fhir-gleidhidh a' phriosain a bha' chùis mar so : B'e aoibhneas agus sith daonnan, a bhuidh a bha air ball an lorg creidsinn an t-soisgeil ann an làithibh nan Abstol ; agus feumaidh gu bheil e mar sin fhathast : oir tha e nàdurra, gu'n lean an aon bhuidh an aon mhathair-aobhair gu bràth ann an cuisean eug-samhail. Faic Gniomh. ii. 44, caib. viii. 8, 9, caib. x. 46, caib. xiii. 48 ; 1 Thes. i. 5 ; Romh. v. 1, 2. Tha sinn a' faicinn mar an ceudna, gu'n d' oibrich creidimh Fhir-gleidhidh a' phriosain gràdh do'n t-Slanuighear a ghràdhaich esan an toiseach ; agus bha so ri 'fhaicinn ann an gnìomhara carrthanachd d'a dheisciobuil air a sgàth-san. Thug e Pòl agus Silas a mach as a' phriosan, air an uair sin feiu, nigh e an creuchdan, chuir e biadh rompa, agus gun dàil bhaisteadh e féin agus a mhuintir uile. Gniomh. xvi. 3

Uime sin, gheibhear an ni so, 'n uair a bheirear aire dha gu ceart, a' dearbhadh firinn ris am bheil gnothuch mòr aig a' chinne-dhaoine gu leir ; 's e sin, foghainteachd an t-soisgeil, gu grad fhuasgladh aiseag do 'n pheacach fhéin-dhàit-te agus a 's ro-chiontaiche, co luath 's a thuigeas, agus a chreideas se e ; agus sin, gun ni maith sam bith mu thimchioll féin gu bhi air a chur as a leth, no gun fhuireach ri atharrachadh sam bith air feodhas. Tha an soisgeul ag innseadh do 'n pheacach, gu bheil na h-uile

nithe 'bu mhiann leis a chur an gnìomh gus a shìth a dheanamh ri Dia, air an toirt gu buileach bhàrr a làimhe; agus gu bheil e gu h-iomlan air a chrìochnachadh cheana le Mac Dhé. Meòraicheadh e air Naomhachd Dhe, air a cheartas agus air 'fhuath neo-chrìochnach an aghaidh peacaidh; smuainicheadh e air farsuinneachd agus spioradalachd lagha Dhé, air, agartas agus air a mhallachd uamhasach a tha an aghaidh a' chionta a's lugha; gairmicheadh e gu cuimhne lionmhorachd agus uamharrachd a pheacanna, mar an ceudna a chion comais gus an riarachadh a 's lugha thoirt air an son. Anns an t-sealladh a 's farsuinne mu na nithibh so uile, a thug dha roimhe so an cràdh bu ro mhò; gheibh e anns an t-soisgeul gach uile nì a tha 'freagairt dhoibh anns an dòigh a 's iomlaine. Gheibh e ceartas De air a làn riarachadh;—an lagh air a choimhlionadh agus air 'àrdachadh;—a mhallachd air a giùlan agus air a toirt air falbh;—agus Dia gu sìorruidh deadh-thoilichte ann am pearsa, 's ann an oibribh a Mhic ghràdhaich: agus air a shon so, tha e gu saor a' fireanachadh nan daoine mi-dhiadhaidh trid oibre chrìochnaicht' Iosa Crìosd. Gheibh e 'uile iarrtais air an sàsachadh; cha 'n e mhàin sin, ach gu neo-chrìochnach air dol thairis orra, 'uile oibre fein air son beatha gun aobhar air an son;—agus gach nì a's urrainn 'anam iarraidh air son a chabhair cheana air a chur ceart, agus air a sholar gu pailt, gun nì sam bith air fhagail aige-san r'a dheanamh gu Dia a chiùineachadh, no gus a dheadhghèan fhaotainn. Am bheil e neo-airidh? Tha Iosa, an t-Uan a chaidh a mharbhadh, làn oirdheirceis agus làn-airidh. Am bheil a pheacanna lionmhor? Glanaidh fuil Iosa Crìosd o gach uile pheacadh. Am bheil am mallachd dligheach dha? Bha Crìosd air a dheanamh 'n a mhallachd air ar son-ne. Am bheil e gun nì sam bith aige leis an dean e paidh-

eadh? Tha slàinte air a cumail a mach anns an t-soisgeul gun airgiod agus gun luach. Am maith leis a' pheacach a dheanamh aithnichte dha, co dhiubh as e a bheatha gu gabhail ris, no nach e? Tha e air a chuireadh gu dùrachdach, air impidh a chur air, agus air iarraidh leis gach uile aobhar comh-éigneachaidh gu gabhail ris. Am maith leis fios fhaotainn cò dhiubh tha an Slanuighear comasach, no nach 'eil? Tha "Dia air 'fhoillseachadh 's an fheoil;" agus 's i a chainnt ghràsmhor, "Amhaircibh riumsa uile iomallan na talmhainn, oir is Dia mi agus cha duine." "Thigibh a m' ionnsuidh sibhse uile a tha ri saothair, agus fo throm uallaich, agus bheir mi suaimhneas dhuibh; gabhaibh mo chuing oirbh, agus fòghlumaibh uam, oir a ti mi macant' agus iriosal an cridhe; agus gheibh sibh fois d'ur n-anamaibh. A Leughadair! "Creid anns an Tighearn Iosa Criosd agus saorar thu."

"Cia diomhain earbsa chloinn nan daoin'  
A saoth'r an làmha fein!  
O nàdur truailidh ceannairceach  
Cha shruth ach ole 's mi-bheus.


Biodh Iudhaich 's Geintilich 'n an toad;  
Gun fhocal as am beul;  
S na deanadh duin' air bith de'n t-sluagh,  
Aon uail am fianuis De.

An gràs a ni dhinn fireana,  
Cha toill ar gnìomh'ra féin;  
Oir ditidh 'n lagh gach duine beo  
Gu bron bith-bhuan 'us péin.

Cluinnibh sgeul ait; Tha Ios' air teachd  
Ri'n robh o shean ar duil!  
Lionar gach cridh' le gàirdeachas,  
Seinnear gu bràth a ehliu.

Le 'theachd, lan shaorar braighde truagh'  
 Bh'aig Satan fo chruaidh-ghlais ;  
 Oir sgaoilidh e gach cuibhreach theanne,  
 Is sgealbaidh dorsa prais."

Oh ! d'oirteadh leis a Spiorad treun,  
 Air m'anam féin gun aire ;  
 'N sin sealbhaicheam an t-Slàinte cheudu'  
 'Rinn a Cheil' acibhinn ait.



LONDON : THE RELIGIOUS TRACT SOCIETY,  
 56 PATERNOSTER ROW, 65 ST. PAUL'S CHURCHYARD, 164 PICCADILLY.

MANCHESTER : CORPORATION STREET. BRIGHTON : WESTERN ROAD.

[Price 2s. per 100.]